

# Neach-teagaisg Preantasachd Tòiseachaidh ann an Seirbhisean Sòisealta: Clann is Òigridh



Fios mun Dreuchd

[www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

Tha Sabhal Mòr Ostaig na charthannas clàraichte an Alba SC002

A charaid/A bhanacharaid

Tha sinn fìor thoilichte gu bheil sibh air ùidh a nochdadh anns an dreuchd seo aig an t-Sabhal.

Anns a' phasgan seo, thathas air beagan fiosrachaidh a tharraing ri chèile airson blasad a thoirt dhuibh air na bhios a' dol aig a' Cholaiste agus air an t-seòrsa àrainneachd-obrach a tha againn a bharrachd air fios sònraichte mun dreuchd fhèin. Tha 101 neach-obrach sa Cholaiste (cuid aig astar) agus tha sinn gu mòr airson a bhith ag obair mar sgioba làidir le feallsanachd adhartach agus co-obrachail.

Seo mar a tha am fiosrachadh sa phasgan air a chur a-mach dhuibh:

- Cùrsaichean is Oileanaich
- Roinnean na Colaiste
- Fiosrachadh Feumail Eile
  
- Co-theacs na dreuchd fhèin
- Tuairisgeul obrach
- Sònrachadh Pearsa
- Cumhachan Obrach
- Fios mu Iarrtasan

Tha sinn an dòchas gun còrd na leanas ribh agus gum bi sibh airson ur n-iarrtas a thoirt air adhart chun na h-ath ìre. Ma tha ceistean sam bith agaibh no ma tha am barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh faodar fònadh thugainn aig àm sam bith.

Le deagh dùrachdan

*Nicole NicThòmais*

Stiùiriche Corporra  
01471 888 301  
[nnt.smo@uhi.ac.uk](mailto:nnt.smo@uhi.ac.uk)

*Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba agus san t-saoghal. Tha a' Cholaiste stèidhichte ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidheachd na h-àrainneachd.*

*Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar Ionad airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chànain, a' chultair agus nan ealan agus tha i an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.*

## ***“Far am faigh a h-uile neach cothrom pàirt a ghabhail ann an leasachadh na Gàidhlig”***

### **Amas na Colaiste**

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad acadaimigeach aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart. Tha a' Cholaiste na h-àite foghlaim làn-Ghàidhlig agus na h-àite gnìomhachais làn-Ghàidhlig, le sàbhaladh, brosnachadh agus leudachadh na Gàidhlig mar phrìomh adhbhar na Colaiste.

### **Luachan na Colaiste – Ro-innleachd SMO**

#### **A' brosnachadh Co-ionannachd**

Tha co-ionannachd aig cridhe obair na Colaiste anns a h-uile dòigh.

#### **Miann**

A' togail air soirbheachas mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig gus coimhearsnachd na Gàidhlig a mhisneachadh agus a neartachadh.

#### **A' Ghàidhlig**

Tha an cànan aig cridhe obair na Colaiste agus tha sinn a' dèanamh a h-uile oidhirp airson a neartachadh agus a leasachadh anns gach raon de ar n-obair.

#### **Sàr-ionad**

Tha a' Cholaiste stèidhichte airson a bhith na shàr-ionad foghlaim, rannsachaidh agus leasachaidh, ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan is com-pàirtichean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha e mar amas dhuinn taic a chur ri ar n-oileanaich agus ri ar luchd-obrach a chum maith am beatha.

#### **Aig cridhe na Coimhearsnachd**

Tha Sabhal Mòr Ostaig aig cridhe coimhearsnachd na Gàidhlig, aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

#### **Daoine**

'S iad ar daoine - luchd-obrach, oileanaich, buill ar coimhearsnachd agus ar luchd-ceuma a tha sgapte air feadh an t-saoghail, an neart as motha a th' againn. Bidh sinn ag obrachadh gu dlùth còmhla riutha gus an Ro-innleachd seo a thoirt gu buil.

### **Fosgailte agus Onarach**

Tha soirbheachas na Colaiste an crochadh gu mòr air a bhith a' dèiligeadh ri daoine gu h-onarach agus gu fosgailte agus a bhith dìreach nar cuid conaltraidh ris gach neach leis a bheil sinn ag obrachadh.

### **Ùr-ghnàthach**

Tha a' Cholaiste air cliù a chosnadh dhi fhèin mar shàr-ionad ùr-ghnàthach aig cridhe leasachadh na Gàidhlig.

### **A' Cur ri luach eaconamach agus sòisealta**

Tha buaidh mhòr aig obair an t-Sabhail Mhòir air eaconamaidh agus coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha a' Cholaiste a' creidsinn gu mòr ann a bhith a' sgaoileadh nam buannachdan sin a tha i a' cruthachadh gu maith ar coimhearsnachdan air fad.

### **Ar Sealladh**

Bidh Sabhal Mòr Ostaig mar:

**Shàr ionad nàiseanta is eadar-nàiseanta airson na Gàidhlig**  
**Shàr ionad foghlaim is rannsachaidh**  
**Shàr ionad dha na Meadhanan is na h-Ealain Ghàidhlig**  
**Phrìomh ionad ionnsachaidh na Gàidhlig**  
**Shàr ionad cleachdaidh na Gàidhlig**  
**Phrìomh àite-obrach na Gàidhlig**  
**Làn chom-pàirtiche ann an lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

## Cùrsaichean is Oileanaich

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha i na com-pàirtiche acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte, spèisealta, agus tha àiteachan-fuirich agus ionad cùraim chloinne air an àrainn.

Am-bliadhna, tha 178 oileanach clàraichte air cùrsaichean àrd-ìre agus bha 1006 oileanaich againn am-bliadhna air na cùrsaichean goirid (àm na Càisge agus as t-Samhradh). A bharrachd air sin, tha mu 235 air a' Chùrsa Inntigidh - cùrsa astair do luchd-tòiseachaidh. Bidh deagh mheasgachadh de dh'oileanaich a' tighinn don Cholaiste, aig diofar aoisean agus à diofar àiteachan. 'S ann às Alba agus an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid ach tha oileanaich air tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd. Ann an 2016-17, thàinig oileanaich nan cùrsaichean goirid à còrr is fichead dùthaich.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur nan sgilean aca gu feum ann an leasachadh a' chànain. Ann an 2017 chaidh clach-mhìle shònraichte a chomharrachadh agus còrr is 1,000 oileanach a-nis air teisteanas no ceum a thoirt a-mach bho thòisich iad a' ceumnachadh ann an 1985.

## Foghlam Leantainneach

Cùrsaichean Goirid - Gàidhlig - gach ìre

Cùrsaichean Goirid - Ceòl - measgachadh

An Cùrsa Inntigidh - do luchd-tòiseachaidh air astar

Preantasachdan Clann is Òigridh & Na Meadhanan Cruthachail

## Foghlam Ard ìre

An Cùrsa Adhartais - do luchd eadar-mheadhanach air astar

An Cùrsa Comais - do luchd eadar-mheadhanach (làrach is astar)

Gàidhlig is Conaltradh - bliadhna cànan do dh'fhileantaich (làrach)

## Ceumannan

BA (Urr) Gàidhlig is Leasachadh

BA (Urr) Gàidhlig is Ceòl Traidiseanta

BA (Urr) Gàidhlig is na Meadhanan

BA (Urr) Gàidhlig is Foghlam (teisteanas teagaisg na lùib)

BA (Urr) Cànan is Cultar na Gàidhlig

Dioplòma anns na Meadhanan Gàidhlig (PDA)

## For-cheumannan

MSc Gàidhlig is Eachdraidh na Gàidhealtachd

MA Teagasg is Ionnsachadh anns na h-Ealain Ghàidhlig (compàirteachas le RCS)

Modal ann an Sgilean Deasachaidh

Sgilean Eadar-theangachaidh

STREAP - do thidsearan

Cothroman MLitt, MRes agus P

## **Roinnean na Colaiste**

Thòisich Dr Gillian Rothach mar Phrionnsapal na Colaiste san Lùnastal 2018. Tha Gillian gu mòr airson inbhe an t-Sabhail Mhòir mar phrìomh àite-ionnsachaidh na Gàidhlig agus mar phrìomh àite acadaimigeach airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a leasachadh agus a neartachadh san àm ri teachd. Tha Sabhal Mòr Ostaig mar àite-ionnsachaidh do dh'oileanaich agus mar àite-cleachdaidh don luchd-obrach.

## **ROINN AN FHOGHLAIM AGUS RANNSACHAIDH**

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag obair aig ìre foghlaim leantainneach, àrd ìre agus aig ìre rannsachaidh. Tha sinn a' tabhann chùrsaichean mar a leanas:

Tha an t-Iar-phrionnsapal agus Stiùiriche an Fhoghlaim, Dr. Marsaili NicLeòid, os cionn na roinne seo. Le còrr is 50 neach-obrach, tha farsaingeachd san roinn seo a' còmhdachadh foghlam àrd-ìre, leantainneachd, rannsachadh agus seirbheisean taic foghlaim. Tha Marsaili gu sònraichte a' coimhead ri cothroman àrd-ìre a leasachadh. Tha obair Rannsachaidh na Colaiste a' sìor dhol am meud cuideachd fo stiùir a' Cheannard Rannsachaidh, le àrd-amasan airson REF 2021. Chithear barrachd mun inbhe rannsachaidh againn [an seo](#).

## **ROINN LEASACHAIDH IS NA H-EALAIN**

Tha leasachadh aig cridhe feallsanachd an t-Sabhail Mhòir. Tha sinn an-dràsta ag amas air barrachd taighean a thogail a chuireas taic ri suidheachaidhean còmhnaidh an luchd-obrach, oileanaich agus daoine eile aig a bheil a' Ghàidhlig no ùidh. Chaidh a' chiad dà thaigh a thogail o chionn còrr is bliadhna is dà theaghlach air gluasad a-staigh. A bharrachd air leasachaidhean oighreachd, bidh leasachaidhean co-cheangailte ri ealain cuideachd a' gabhail àite sa Cholaiste. Tha sinn nar prìomh àite-cleachdaidh airson SEALL mar eisimpleir agus tha sinn cuideachd a' cur air dòigh greisean-obrach do luchd ealain gach bliadhna fon sgoilearachd Jon Schueler, am measg iomadach rud eile.

## **ROINN CHORPORRA AGUS IONMHAIS**

Tha an Stiùiriche Corporra agus an Stiùiriche Ionmhais os cionn roinnean agus bhuidhnean corporra sa Colaiste, nam measg ionmhas, aoigheachd, ICT, sgiobachd, margaideachd agus pròiseactan. Tha conaltradh, leasachadh luchd-obrach agus leasachadh gnìomhachais mar phàirt chudromach den roinn corporra. Bidh an sgioba ionmhais a' cumail taic ri pròiseactan taobh a-muigh na Colaiste cuideachd m.e. Ionad Chalum Chille Ile, Cànan agus pròiseactan mar Tobar an Dualchais agus Faclair na Gàidhlig.

Bidh a' Cholaiste a' lìbhrigeadh cho-labhairtean tron bhliadhna nuair nach bi oileanaich an seo agus tha an teachd-a-steach seo gu math cudromach dhan Cholaiste. Tha cothrom ann seo a leudachadh ach 's e oileanaich làn-ùine am prìomhachas agus chan eil e comasach an dà chuid a dhèanamh air an làraich aig an aon àm air sàillibh gainnead àiteachan-fuirich.

## **Fiosrachadh Feumail Eile**

Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' faighinn maoinachadh bhon Riaghaltas (Achd Dualchais na h-Alba), bhon Chomhairle Mhaoineachaidh (airson foghlam leantainneach) agus bhon Chomhairle, tro OGE, airson foghlam àrd-ìre. A bharrachd air sin, bidh tabhartasan sònraichte a' tighinn thugainn m.e. airson rannsachaidh, bidh sinn a' togail airgid tro chisean chùrsaichean agus tro aoigheachd agus àiteachan-fuirich sa Cholaiste.

## **Sgrìobhainnean feumail eile**

[Ro-innleachd 2017-22](#)

[Rannsachadh aig SMO](#)

[Plana Cànan na Colaiste 2017-22](#)

[Aonta Thoraidhean \(Outcome Agreement\)](#)

[Sgeama Co-ionannachd na Colaiste](#)

[Plana Gnìomh Gnè](#)

## **Àrainneachd Bheothail**

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Tha iomadh pròiseact agus buidheann stèidhichte air làrach na Colaiste (faicibh an liosta gu h-ìosal), agus iomadh tachartas ionadail air an cumail ann cuideachd.

Tha iomadh togalach againn air an làraich agus bidh buidhnean is pròiseactan stèidhichte againn a' dearbhadh cho cudromach 's a tha com-pàirteachas ann an saoghal na Gàidhlig agus mar a tha a' Cholaiste cuideachd a' cumail taic ri gnìomhachasan anns an sgìre fhèin.

## **Togalaichean**

### **Àrainn Ostaig (AO)**

Seo am prìomh togalach, an Sabhal fhèin, far an do thòisich foghlam Gàidhlig aig ìre colaiste ann an 1973. Thathas ga chleachdadh a-nis airson chèilidhean san Talla Mhòr, ionad-spòrs beag, oifisean air mhàl agus àite coinneachaidh nan oileanach fhèin. Tha seòmraichean cadail agus stiùidio clàraidh fuaim cuideachd stèidhichte aig AO.

### **Ionad Iain Nobail**

Seo an togalach às ùire aig a' Cholaiste. Chaidh fhosgladh ann an 2015 leis a' Phrìomh Mhinistear Nicola Sturgeon. An seo tha roinn rianachd na Colaiste, a' mhòr-chuid den luchd-teagaisg is rannsachaidh agus clasaichean na ciad bhliadhna. Tha oileanaich rannsachaidh na Colaiste agus a' chompanaidh dealbhachaidh Cànan suidhichte an seo cuideachd.

### **Fàs**

Seo agaibh an togalach airson bhuidhnean is ghnìomhachasan cruthachail is cultarail le measgachadh de phròiseactan is chompanaidhean stèidhichte ann.

### **Àrainn Chaluum Chille (ACC)**

Seo far am bi tòrr dhen teagasg is ionnsachadh a' tachairt, agus tha an t-lar-phrionnsapal, an Leabharlann agus an seòmar-bidhe an seo. Tha àiteachan-fuirich air gach taobh dhen prìomh thogalach.

**Pròiseactan (far a bheil com-pàirt aig a' Cholaiste)**

SOILLSE

Faclair na Gàidhlig

Ainmean Àite na h-Alba

Tobar an Dualchais

**Companaidhean agus Buidhnean leis a' Cholaiste**

Fàs Mòr - ionad cùraim chloinne

Studio Ostaig – clàradh fuaim, còmhlain

Cànan (CGS) - companaidh ioma-mheadhan na Colaiste

SkyeSpace - stiùidio craolaidh agus goireasan clàraidh

**Luchd-màil**

Dualchas - ailtirean

Seumas Ó Baoighille Ltd - gnìomhachas ionadail

DEARG - bùth ghibhitean

SEALL – companaidh ealain ionadail

Sealladh - companaidh riochdachaidh telebhisein

Young Films – companaidh film (Bannan)



### Co-theacs a' Chùrsa

B' e fear de na molaidhean a dh'èirich às ath-sgrùdadh sgeama Leasachadh an Luchd-obrach Òig (*Developing the Young Workforce*) gum bu chòir ceangal nas fheàrr a bhith ann eadar foghlam agus an saoghal-obrach.

'S iad na Preantasachdan Tòiseachaidh aon dòigh anns a bheilear a' coileanadh seo. Cùrsa a leigeas le sgoilearan teisteanas feumail a chosnadh anns a bheil sgilean sònraichte dreuchdail a bharrachd air an eòlas a tha a dhìth air taobh an foghlaim 's iad fhathast anns an sgoil. Tha na Preantasachdan seo nam com-pàirteachas eadar sgoiltean is colaistean is luchd-fastaidh.

Tha Sabhal Mòr Ostaig air bliadhna den Phreantasachd Tòiseachaidh ann an Seirbhisean Sòisealta: Clann is Òigridh a' ruith a-nise 's sinn ag aithneachadh gu bheil feum agus iarrtas air na sgilean seo agus gu dearbh an teisteanas fhèin leis mar a tha an raon-obrach seo a' sìor-fhàs. Thòisich sinn le buidhnean ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh agus Àrd-sgoil a' Phluic agus tha sinn nise ga leudachadh gu bailtean Inbhir Nis, Glaschu agus Inbhir Pheotharain.

### Colaiste agus sgoil

Tha an cùrsa Preantasachd Tòiseachaidh air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig do sgoilearan a tha sa chòigeamh agus san t-siathamh bliadhna anns an àrd-sgoil. Faodaidh iad a dèanamh thairis air dà bhliadhna a' tòiseachadh ann an S5 no thairis air aon bhliadhna ann an S6.

Bidh clasaichean colaiste a rèir clàr-ama na sgoile agus bidh thu a' cur ùine seachad gach seachdain a' teagasg agus a' cur taic ris na sgoilearan. Tha tòrr den t-susbaint ri fhaighinn tro ghoireasan ionnsachaidh air-loidhne (Blackboard agus Brightspace).

### Cuspairean bunasach

Is e cùrsa fìor inntinneach a th' ann air am bi sgoilearan ag ionnsachadh mu chuspairean bunasach do dh'obair-chloinne. Togaidh iad eòlas air an obair phroifeasanta agus air na tha an sàs bho latha gu latha ag obair le clann is òigridh. Bidh iad ag ionnsachadh mu dhìon chloinne, slàinte is sàbhailteachd, conaltradh ri clann agus mar a tha clann is òigridh a' fàs agus a' dèanamh adhartais.

### Ag obair le Gàidhlig

Tha greis-gnìomhachais aig cridhe a' chùrsa agus cuiridh gach sgoilear ùine seachad ann an àite-obrach far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn. Bidh cothrom aca greisean-obrach a dhèanamh ann an seirbhisean cùram-chloinne, anns an sgoil-àraich air neo le buidhnean òigridh coimhearsnachd. Bidh iad a' cur na dh'ionnsaich iad anns a' chlas gu feum agus togaidh iad sgilean pragtaigeach a bhios na bhuannachd dhaibh nam beatha.

Bidh na h-uairean obrach gach seachdain a rèir na bliadhna anns a bheil iad, S5 no S6. Thèid a' ghreis-gnìomhachais a chur air dòigh eadar iad fhèin, an sgoil, a' cholaiste agus an t-àite-obrach.

### Deiseil airson tòiseachadh....?

Mus tòisich iad air a' chùrsa bidh sinn a' sùileachadh ri na leanas:

- Gum bi Beurla agus Gàidhlig Nàiseanta 5 aca
- Gum bi iad deiseil airson obair a dhèanamh aig an aon ìre ri Àrd-ìre na sgoile
- Gum bi iad èasgaidh agus math air obair air an ceann fhèin
- Gum bi iad deònach an cothrom a ghabhail Gàidhlig a bhruidhinn taobh a-muigh na sgoile
- Gum bi iad toilichte clàradh air an sgeama PVG aig Disclosure Scotland

**Ceum slighe**

Bidh iomadh cothrom romhpa ma thig iad air a' chùrsa seo agus is e ceum aithnichte a th' ann a dh'ionnsaigh obair agus foghlam àrd-ìre. Tha e na shàr eisimpleir do luchd-fastaidh agus do luchd-foghlaim gu bheil na sgoilearan sin air a leithid a dhèanamh fhad is a tha iad fhathast san sgoil.

**FOUNDATION APPRENTICESHIP  
TO COLLEGE OPPORTUNITY**

**How to read this table:**

**Same subject area applications**  
(e.g. FA Accounting to HNC Accounting)

- ✓ Direct entry with FA, no additional qualifications required
- ✓<sup>1</sup> Entry with FA plus unspecified qualifications (e.g. FA plus additional Higher and/or Nat 5s)
- ✓<sup>2</sup> Entry with FA plus specified qualifications (e.g. FA plus Higher English and/or Nat 5 Maths)

**Different subject area applications**  
(e.g. FA Accounting to HNC Healthcare)

FA recognised as a Higher

- No HNC/D provision for this FA (e.g. FA will be recognised as a Higher)



College	Accountancy	Business Skills	Civil Engineering	Creative & Digital Media	Engineering	Financial Services	Food & Drink Technology	ICT Hardware	ICT Software	Scientific Technologies	Children & Young People	Healthcare
Ayrshire College	✓	✓	✓	●	✓	●	✓	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓	●	●
Borders College	✓	✓	●	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	●	✓	✓	✓	●	✓	✓ <sup>2</sup>
City of Glasgow College	✓	✓	✓	✓ <sup>2</sup>	✓	●	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	●	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
Dumfries & Galloway College	✓	✓	●	✓	✓	●	●	✓	●	✓	✓	✓
Dundee & Angus College	✓	✓	✓	✓	✓	●	✓	✓	✓	●	✓	✓
Edinburgh College	✓	✓	✓	✓	✓	●	●	✓ <sup>1</sup>	●	●	●	✓ <sup>1</sup>
Fife College	✓ <sup>1</sup>	✓ <sup>1</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓	✓	●	✓ <sup>1</sup>	✓ <sup>1</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
Forth Valley College	✓	✓	✓	✓ <sup>2</sup>	✓	●	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>1</sup>	✓	✓	✓ <sup>2</sup>
Glasgow Clyde College	✓	✓	●	✓	✓	✓	✓	✓	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
Glasgow Kelvin College	●	●	✓	✓	✓	●	✓	✓	✓	●	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
New College Lanarkshire	✓	✓	●	✓ <sup>2</sup>	✓	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
North East Scotland College	✓	✓ <sup>1</sup>	●	✓ <sup>1</sup>	✓ <sup>2</sup>	●	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
South Lanarkshire College	✓	✓	✓	✓	✓	●	●	●	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
University of Highlands and Islands	✓	✓	✓	✓	✓	●	✓ <sup>2</sup>	✓	✓	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
West College Scotland	✓	✓	✓	✓	✓	●	✓	✓	✓	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>
West Lothian College	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓	✓ <sup>2</sup>	✓	●	✓	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>	✓ <sup>2</sup>

**FOUNDATION APPRENTICESHIP TO DEGREE OPPORTUNITY**

**How to read this table:**

- ✓ The university offers a degree in this subject area
- ★ The university offers enhanced recognition if applying for a degree in the same subject area (e.g. FA Accounting into Degree Accounting)
- The university doesn't offer a degree in this subject area, FA recognised as a Higher towards other subjects (e.g. FA Accounting into Degree Engineering)
- ✗ The university does not recognise FA frameworks in this subject area (FA in this subject area is not recognised as a Higher towards same/other subjects)



University	Recognition	Accountancy	Business Skills	Civil Engineering	Creative & Digital Media	Engineering	Financial Services	Food & Drink Technology	ICT Hardware	ICT Software	Scientific Technologies	Children & Young People	Healthcare
Abertay University	1 Higher A, ★ 2 Highers B	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★
Edinburgh Napier University	1 Higher A	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
Glasgow Caledonian University	1 Higher A	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
Glasgow School of Art	1 Higher A	●	●	✓	✓	●	●	●	●	●	●	●	●
Heriot Watt University	1 Higher A	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
Open University	Open Recognition	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
Queen Margaret University Edinburgh	1 Higher A	✓	✓	●	✓	●	●	●	✓	✓	✓	✓	✓
Robert Gordon University	1 Higher B, ★ 2 Highers B	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★
Royal Conservatoire of Scotland	1 Higher A	●	●	●	●	●	●	●	●	●	●	●	●
Scotland's Rural College	1 Higher A	✓	✓	●	●	✓	●	●	●	✓	●	●	●
University of Aberdeen <sup>3</sup>	1 Higher B	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
University of Dundee <sup>1</sup>	1 Higher A	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
University of Edinburgh	1 Higher B	✗	✗	✓	✗	✓	✗	✗	✓	✓	✓	✓	✓
University of Glasgow <sup>2</sup>	1 Higher A	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
University of St Andrews <sup>3</sup>	1 Higher A	✓	✓	●	✓	●	●	✓	✓	✓	●	●	●
University of Stirling	1 Higher B	✓	✓	●	●	✓	●	✓	✓	✓	✓	✓	✓
University of Strathclyde <sup>4</sup>	1 Higher B	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
University of Highlands and Islands <sup>5</sup>	1 Higher A, ★ 2 Highers	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★	✓★
University of the West of Scotland	1 Higher A	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓

<sup>1</sup> Excludes Medicine and Dentistry <sup>2</sup> Excludes Law, Medicine, Dentistry, Vet Medicine <sup>3</sup> Excludes Medicine <sup>4</sup> Excludes Law. If applying for Engineering, only FA in Civil or Engineering will be recognised <sup>5</sup> Enhanced recognition varies per framework, equivalent to at 2 Highers for most frameworks

<b>TIOTAL-OBACH</b>	Neach-teagaisg
<b>ROINN</b>	Roinn an Fhoghlaim
<b>AN URRA RI</b>	Stiùiriche Chùrsaichean Foghlaim is Teagaisg
<b>UALLACH AIRSON</b>	
<b>SGÈILE THUARASTAIL</b>	Sgèile Òraidichean Nàiseanta
<b>PRÌOMH ÀITE-OBACH</b>	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

### **PRÌOMH AMAS NA H-OBACH**

An teagasg, an t-ionnsachadh, leasachadh agus dleastanasan eile co-cheangailte ri a' Phreantasachd Tòiseachaidh Clann is Òigridh a ghabhail os làimhe

### **PRÌOMH UALLAICHEAN**

Tha na leanas airson iomradh farsaing a thoirt dhut air an obair a bhios an lùib na dreuchd.

- Teagasg agus seirbheis ionnsachaidh a thabhann anns a' chuspair a chaidh aontachadh (Preantasachd Tòiseachaidh Clann is Òigridh) do dh'oileanaich. Airson dreuchdan làn-ùine bhite an dùil ri 23 uairean de dhleastanasan-teagaisg à 35 uairean-obrach san t-seachdain.
- Dleastanasan eile co-cheangailte ri teagasg agus ionnsachadh, nam measg: measaidhean, in-sgrùdadh, trusadh oileanaich, rianachd co-cheangailte ris a' chùrsa
- Stiùireadh, comhairle agus taic a thoirt do dh'oileanaich agus clàran a chumail airson siostaman frithealaidh, smachdachaidh agus adhartais a stiùireadh
- An t-eòlas agus na sgilean agad a tha co-cheangailte ri leasachadh a' chuspair agus an t-eòlas sin a chur dhan teagasg
- A' cur taic ri pròiseasan fèin-luachaidh agus deagh-ghnè ann an teagasg, ionnsachadh, leasachadh agus stiùireadh a' churraicealaim anns a' Cholaiste
- Stuthan ùra a leasachadh far am biodh sin a' cur ri modhan-teagaisg a' chùrsa agus an ionnsachaidh
- A' gabhail pàirt ann an obair an sgioba, gu sònraichte:
  - A' cur ri leasachadh deagh-ghnè ann an dòighean-obrach an sgioba
  - A' cumail sùil agus a' tomhas fiosrachaidh co-cheangailte ri adhartas nan oileanach agus data ullachadh airson aithisgean a' chùrsa



- A' cur ri ath-sgrùdaidhean agus ath-dhealbhachadh chùrsaichean
  - Ag aithneachadh agus ag aithris air feumalachdan a' chùrsa
  - A' gabhail pàirt ann an stiùireadh agus comhairleachadh oileanaich agus, far a bheil e iomchaidh, taic a bharrachd airson oileanaich le feumalachdan sònraichte
  - Cur taic ri leasachadh buill eile san sgioba mar a thèid iarraidh
  - Cur ri tachartasan agus iomairtean margaideachd co-cheangailte ris a' chùrsa
- Dleastanasan eile mar a thèid iarraidh ort le Stiùiriche an Fhoghlaim agus Stiùiriche nan Cùrsaichean Teagaisg is Foghlaim
  - Dearbhadh gu bheil thu a' cumail ri feumalachdan agus iarrtasan co-cheangailte ri dìon data agus poileasaidhean eile sa Cholaiste, mar eisimpleir, slàinte is sàbhailteachd.

Mar bhall de sgioba teagaisg proifeasanta, bidh thu a' dèanamh measgachadh de na dleastanasan gu h-àrd, mar as iomchaidh, agus a rèir na tha a dhìth airson dearbhadh gu bheil an teagasg agus an t-ionnsachadh aig an ìre às àirde.

*Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus a' mhanaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.*

An t-Ògmhios 2019

**Sònrachadh Pearsa**

<b>Sgilean</b>	<b>Riathanach</b>	<b>Miannach</b>
<b>Foghlam</b>	Ceum no teisteanas iomchaidh (m.e. teagasg, SVQ 3, BA Obair-chloinne)  Mura h-eile teisteanas teagaisg agad, deòin sin a dhèanamh le taic bhon Cholaiste (TQFE)	PGCE  Teisteanas SQA IV no Assessor
<b>Sgilean Gàidhlig</b>	Làn-fhileanta sa Ghàidhlig  Eòlach air a bhith a' leasachadh is a' brosnachadh na Gàidhlig	Teisteanas anns a' Ghàidhlig
<b>Eòlas</b>	Fianais de theagasg no obair anns na tràth bhliadhnaichean o chionn ghoirid	Eòlas san fharsaingeachd air deagh-ghnè
<b>Sgilean agus Comasan</b>	Comasan teagaisg, ionnsachaidh agus measaidh aig sàr-ìre  Sàr sgilean conaltraidh agus eadar-phearsanta  Comas obrachadh leibh fhèin  Comas obrachadh ann an sgioba	Sgilean gnìomhachais is cruthachail  Cead-siubhail
<b>Eile</b>	Deòin ur sgilean a leasachadh aig ìre phroifeasanta mar a chithear iomchaidh  Deòin Sabhal Mòr Ostaig OGE a riochdachadh ann an iomadach suidheachadh agus còmhla ri buidhnean aig a bheil ceangal ris a' Cholaiste no a dh'fhaodadh ùidh a nochdadh sa Cholaiste	Cead dràibhidh  Deòin a bhith siubhal

**Fiosrachadh Eile**

- 'S e Sabhal Mòr Ostaig am fastaiche
- 'S e cùmhnant sùbailte a bhios ann (ach buailteach atharrachadh a rèir àireamhan oileanaich)
- Bithear a' cosnadh saor-làithean airson gach uair a thìde de dh'obair agus thèid seo a phàigheadh gach mìos. Bidh bliadhna nan saor-làithean a' ruith eadar 1 Am Faoilleach – 31 An Dùbhlachd agus cha ghabh an cumail chun na h-ath bhliadhna.
- Tha siostam measaidh stèidhichte aig a' Cholaiste
- Thathar a' sùileachadh gun gabh luchd-obrach pàirt anns na cùrsaichean trèanaidh riatanach agus gum bi iad deònach an cuid leasachadh proifeiseanta a leasachadh
- Tha Sabhal Mòr Ostaig a' cur taic ri leasachadh sgilean Gàidhlig
- Tha sgeama peinnsein aig an t-Sabhal Mhòr le Scottish Widows agus bidh cothrom aig luchd-obrach clàradh san sgeama àrachais-beatha cuideachd
- Feumar a dhol tro sgrùdadh PVG, seach gur e colaiste a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig
- Chan fheumte a bhith stèidhichte sa Cholaiste airson na dreuchd seo leis gum biodh an obair-teagaisg agaibh ceangailte ri sgoil.

**Fios mu Iarrtasan**

**Co-ionannachd Chothroman**

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig.

**Iarrtasan**

Gheibhear foirmichean-iarrtais an seo.

**Tillibh litir agus foirm-iarrtais gu:**

Sgiobachd  
Sabhal Mòr Ostaig  
An Teanga  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV44 8QR

No air post-d gu: [obair@smo.uhi.ac.uk](mailto:obair@smo.uhi.ac.uk)

**Ceann-là:** 28 an t-Ògmhios 2019

**Agallamhan:** ri dhearbhadh

Faodar còmhradh neo-fhoirmeil a chumail le Angela NicIllebhàighe, Oifigear Phreantasachdan, air 01471 888 000, post-d: [ani.smo@uhi.ac.uk](mailto:ani.smo@uhi.ac.uk) no Nicola NicThòmais, Stiùiriche Corporra, air 01471 888 301 no [nnt.smo@uhi.ac.uk](mailto:nnt.smo@uhi.ac.uk)